

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, air Diciadain, 26 Gearran 2025 aig 2f.

An làthair:

Mgr R Bremner (air astar)
Mgr I MacIlleDhuinn
A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)
A' Bh-uas S Fanet
Mgr I Grafton
Dr M Gregson

Mgr P Logue
Mgr A Mac an Tòisich
Mgr S MacIlleBhrath (air astar)
Mgr D Mac a' Mhuilleir
Mgr C Rothach
A' Bh-uas M NicPheadrais

Neo-Bhuill an làthair:

Mgr S Coghill (air astar)
Mgr A Greumach

U MacAoidh (air astar)

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine
A' Bh-uas A Jansson, Manaidsear Foghlaim agus Ionnsachaidh Sgìreil
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig
A' Bh-uas J NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh
A' Bh-uas S NicPhàdraig, Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd
A' Bh-uas S NicIlleInnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach
A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd an làthair:

Mgr A MacCarraig, Àrd-Oifigear, Fèisean nan Gàidheal
Mgr C A Mac a' Mhaoilein, Manaidsear Leasachaidh (Inbhir Nis), Fèisean nan Gàidheal
A' Bh-uas S NicIlleInnein, Prìomh Thidsear, is triùir sgoilearan bho Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Cha robh leisgeulan ann.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan Aithris Fhollaiseachd a leanas:-

3. Naidheachdan Matha

Chaidh bhidio goirid a shealltainn dhan Chomataidh, a' toirt am follais grunn leasachaidhean, iomairtean agus naidheachdan matha.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:-

- chaidh fàilte a chur air a bhith a' neartachadh a' cheangail le Ceap Breatainn;
- chaidh cur an cuimhne nam Ball, a thaobh Acadamaidh a' Mhòid, gum biodh am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a chumail anns a' Ghearasdan anns an Dàmhair agus gun robh obair ullachaidh a' dol air adhart air a shon a-nis;
- bhathar air Seachdain na Gàidhlig a chur air bhog aig Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich le Joy Dunlop agus Ceannard Chomhairle na Gàidhealtachd; agus
- chaidh moladh a dhèanamh air a' Chafaidh Ghàidhlig agus air an Latha Togail Aire aig Bun-Sgoil Mount Pleasant agus bhathar an dòchas gun leanadh an obair sgoinneil seo air adhart.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na naidheachdan matha a chaidh a thaisbeanadh.

4. Cunntas às Ùr mu Bhlas 2024

Aithris Fhollaiseachd: dh'fhoillsich Mgr C Rothach Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo, seach gun robh ball-teaghaich dlùth air pàirt a ghabhail ann am Blas agus air sùim bheag fhaighinn mar phàigheadh. Ach, às dèidh dha an deuchainn a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh com-pàirt aige ri fhoillseachadh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/1/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine, agus bha taisbeanadh le Blas an cois seo. Sheall an taisbeanadh àite Blas taobh a-staigh obair nas fharsainge Fèisean nan Gàidheal agus an com-pàirteachas aig an fhèis le coimhearsnachdan. Chaidh geàrr-chunntas de Bhlas 2024 a thoirt seachad cuide ri fiosrachadh mu na nithean ris am biodh dùil am-bliadhna nuair a bhiodh Blas a' dol air adhart eadar 5–13 Sultain.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:-

- chaidh taing a thoirt do dh'Fhèisean nan Gàidheal airson a bhith a' ruith Blas. Chan e a-mhàin gun robh Blas a' cuideachadh eaconamaidhean ionadail ach bha an fhèis a' toirt toileachas mòr dhaibhsan a bha a' frithealadh nan tachartasan;
- chaidh moladh a dhèanamh air an t-solar sgoinneil is leantainneach agus bha e cudromach gun robh a' Chomhairle a' cur taic ris a seo;
- bha e cudromach cothroman a thoirt dhaibhsan aig nach robh an cànan gus am b' urrainn dhaibh a bhith a' faireachdainn gun robh iad mar phàirt de choimhearsnachd na Gàidhlig agus a bhith a' faireachdainn gun robh iad air an gabhail a-steach mar phàirt dhen chultar sin. Bha Blas a' dèanamh seo;
- bha am prògram a bha Blas a' tabhann air leudachadh thar nam bliadhnaichean;
- chaidh faighneachd an robh slighe ann tro Bhlas airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig tro Bhlas sa Ghàidhealtachd no co-dhiù a bhiodh seo a' dùblachadh obair a bha feadhainn eile a' dèanamh;

- bha e cudromach gun robh Blas a' toirt cothrom seachad airson com-pàirteachas air feadh na Gàidhealtachd ach chaidh aithneachadh gun robh seo an crochadh air buidseatan agus air co-dhiù a bhiodh luchd-brosnachaidh rim faotainn;
- bha a' bhuannachd eaconamach de £8.4 millean thar 20 bliadhna a' sealltainn gun robh buannachd eaconamach an lùib a bhith a' tasgadh sa Ghàidhlig;
- bha luchd-èisteachd eadar-nàiseanta aig tachartasan Blas; agus
- bha Blas air a' Ghàidhlig a chur ann an co-theacsa cultarach agus air cothrom a thoirt seachad an cànan a chleachdadh taobh a-muigh sgoiltean.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg agus dhan eàrr-ràdh a bha na cois.

5. Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/2/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Thug A' Bh-uas NicIllinnein, Prìomh Thidsear aig Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, agus triùir sgoilearan seachad taisbeanadh. Mar phàirt dhen leasachadh phearsanta aice, bha a' Bh-uas NicIllinnein air obair a dhèanamh gus spiorad na Gàidhlig a leasachadh air feadh na sgoile tro chuspairean, sgoilearan agus luchd-obrach. Bha an iomairt air a bhith cudromach is togarrach agus bha teachdaireachd na lùib gun robh a' Ghàidhlig leis a h-uile neach ann an coimhearsnachd na sgoile. Chaidh tuairisgeul a thoirt seachad mu na diofar dhòighean a chaidh a chleachdadh gus brosnachadh a thoirt dhan a h-uile duine com-pàirt a ghabhail, a leithid "Gaelvember," agus mar a chaidh gabhail ris a seo gu math.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh moladh a dhèanamh air a' Bh-uas NicIllinnein agus air na sgoilearan airson taisbeanadh sàr-mhath a thoirt seachad. Bha na sgoilearan nan tosgairean airson na sgoile aca, ionnsachadh na Gàidhlig, agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd;
- bha e na adhbhar misneachd gun robh an luchd-obrach air a bhith cho deònach com-pàirt a ghabhail;
- bha e cudromach aithneachadh nach fheumadh sgoilearan an-còmhnaidh a dhol an lùib foghlam adhartach gus obair fhaighinn far am b' urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh;
- bha a' Ghàidhlig beò agus fallain sa Ghàidhealtachd agus bha an tasgadh a chaidh a dhèanamh sa chànan air a bhith math;
- chaidh moladh a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig ann an Seòmar na Comhairle;
- chaidh fàilte a chur air an t-sàr sholar a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig. Cha robh cùisean an-còmhnaidh air a bhith mar seo;
- bhiodh e math do sgoiltean tighinn còmhla seach gun toireadh seo cothrom do sgoilearan ùine shòisealta a chur seachad còmhla agus ùidh sa Ghàidhlig a cho-roinn le sgoilearan eile dhen aon aois. Bha Spòrs Gàidhlig agus Fèisean nan eisimpleirean dhen a seo;
- nan deigheadh làthaireachd air na meadhanan sòisealta a leasachadh bheireadh seo seachad ùrlar far am b' urrainnear na bha a' tachairt leis a' Ghàidhlig a cho-roinn le sgoilearan eile, a' gabhail a-steach sgoilearan aig nach robh a' Ghàidhlig;
- chaidh fàilte a chur air Gàidhlig air soidhnichean anns an sgoil; agus
- bha duilgheadas an lùib ìrean feachd-obrach ma bhathar gu bhith a' tabhann na h-aon ìre seirbheis.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh fàilte a chur air an leudachadh leantainneach ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd; agus
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh aithne a thoirt dhan cheannardas a tha Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis air a shealltainn gus ùidh is com-pàirteachas sa Ghàidhlig fhàs air feadh na sgoile.

6. Maoineachadh Ro-innleachdail Plana na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/3/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh moladh, le buidseatan aon-bhliadhna airson phròiseactan, gum faodadh ro-innleachd ealain/cultair a bhith na bunait airson lèirsinnean fad-ùine is seasmhach airson co-obrachadh. Bha High Life na Gàidhealtachd a' lìbhrigeadh builean Gàidhlig nas fharsainge na Comhairle ach bha na miannan cultarach agus an dòigh-obrach ro-innleachdail cuideachd air am mapadh sa Phlana Cànan Chultarach; agus
- chaidh fiosrachadh a shireadh mu àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an dachannan cùraim. A bharrachd, chaidh fios às ùr a shireadh agus fhaotainn, mun t-suidheachadh làithreach a thaobh a' chom-pàirteachais eadar Foghlam tron Ghàidhlig agus dachannan cùraim airson dèanamh cinnteach gun robh dòigh-obrach eadar-ghinealaich ann a thaobh na Gàidhlig.

Às dèidh sin:-

- i. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh mar a tha maoineachadh air a riarachadh airson buidhnean Gàidhlig;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gun toir atharrachaidhean a thaobh mar a tha am maoineachadh air a riarachadh buaidh dhìreach air buidhnean eile. Tha na riarachaidhean seo air an liostadh ann an 5.2; agus
- iii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gu bheil na buidhnean a tha air an liostadh còmhla ri buidhnean Gàidhlig eile a' faighinn taic tro mhaoineachadh com-pàirteach air stèidh bhliadhnail, ach gu bheil am maoineachadh seo ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna a rèir nan targaidean sa Phlana Ghàidhlig (PG).

7. Adhartas mu Choinneimh Plana Gàidhlig 2024–29

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan aithisg; agus
- ii. dhan adhartas a thathar air a dhèanamh le amasan seirbheis corporra a' Phlana Ghàidhlig, mar a thathar a' mìneachadh ann an earrainn 6.

8. Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd – Prìomhachasan Ro-innleachdail Plana na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/5/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Chaidh iarrrtas a dhèanamh gun cruinnicheadh oifigearan fianais gus am b' urrainnear beachdachadh air Inbhir Nis mar sgìre shònraichte airson na Gàidhlig co-cheangailte ri Bile nan Cànanan Albannach air an robh Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh, air sgàth na bh' ann de dh'iomairtean soirbheachail do shean is òg tro fhoghlam agus na h-ealain. Bha a' Ghàidhlig ann an Inbhir Nis a' gluasad agus bha mòran ann a ghabhadh dèanamh. Mar fhreagairt, chaidh innse gun deach ealla a ghabhail do Bhile nan Cànanan Albannach nuair a bhathar ag ùrachadh Plana Gàidhlig na Comhairle agus bha oifigearan ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba mu thimcheall air co-chomhairleachadh mun Bhile. Bha an obair seo leantainneach, a bharrachd air a' mhion-sgrùdadh a bhathar a' dèanamh air a' bhuidhe a bhiodh aig comharrachadh mar sgìre shònraichte air coimhearsnachdan agus Foghlam tron Ghàidhlig.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

B' e seo a' choinneamh mu dheireadh de Chomataidh na Gàidhlig far am biodh an Cathraiche a' stiùireadh na coinneimh. Às leth Buill na Comataidh, rinn an t-Iar-Chathraiche moladh air an obair mhòr a bha e air a dhèanamh, agus cho dìcheallach, dealasach is dùrachdach 's a bha e air a bhith bhon a chaidh Comataidh na Gàidhlig ath-stèidheachadh o chionn còrr is ceithir bliadhna gu leth.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 3.55f.